




beatha le
buaidh



beatha le
buaidh

C
E
N
T
R
U
M
I
L
A
T
R



Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnachsadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich ?.

Na dealbhan le ?

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochedachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904-730-69-9



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride Mac'Uilemhaoil.

MATT GROENING

Matt Groening


Ged nach aithnicheadh mòran dhaoine an t-ainm Mathew Abram Groening, 's cinnteach gun aithnich a' chuid as mothà againn an teaghach a chruthaich e – *Na Simpsons*. Tha an teaghach sin le Marge, Homer, Bart, Lisa agus Maggie a-nis air teaghach cho ainmeil agus a tha air an t-saoghal. Is le sin, tha iad air cliù eadar-nàiseanta a chosnadh do Matt Groening.

B' e neach-teagaisg a bha ann am màthair Groening agus b' e dealbhadar chartùnaichean a bha na athair. 'S ann ann an Oregon anns na Stàitean Aonaichte a rugadh e agus nuair a bha e anns an àrd-sgoil 's e an deasaiche a bha air pàipear-naidheachd na sgoile. Bhiodh e a' sgriobhadh aithrisean ach an uair sin thòisich e air dealbhan a dhèanamh cuideachd. Nochd sin ùidh agus bha e ag iarraidh obair mar sgriobhadair.

MATT GROENING



MATT GROENING



Conradh Tuathail MATT GROENING

Hollywood

Nuair a bha e 23 bliadhna a dh'aois, dh'fhàg Groening an teaghlaich aige agus chaith e gu ruige Los Angeles agus e am beachd obair fhaighinn mar sgrìobhaiche. Cha deach gnothaichean buileach mar a bha e ag iarraidh agus cha d' fhuair e obair an toiseach ach mar dhràibhear. Bha e a' dèanamh beagan sgrìobhaidh ach cha robh e toilichte ach gu h-annasach 's e sin a thug cothrom dha soirbheachadh. Thòisich Groening air comaig a dhèanamh far an robh e ag innse cho dona agus a bha a bheatha. Bha e ga reic ann am bùth ciùil far an robh e ag obair. Thug sin dha cothrom obraichean eile fhaighinn mar dhealbhadar agus bha Groening a-nis air tòiseachadh air an rud a bha e ag iarraidh a dhèanamh.

MATT GROENING

Gu ruige na Simpsons

Fhuair Matt Groening obair a' sgriobhadh colbh ann an iris ciùil agus an uair sin cuideachd thòisich e air an cartùn aige fhèin a sgriobhadh. Phòs e Deborah Caplan ann an 1980 agus 's ise a dh'fhoillsich a' chiad chomaig aige. Chòrd sin ri daoine agus an dèidh sin dh'fhàg Groening agus a bhean an dreuchdan gus na comaigean aca fhèin a reic. An dèidh beagan ùine a' dèanamh chomaigean dha fhèin chunnaic riochdaire ann an Hollywood na cartùnaichean aige agus dh'iarr e air Groening obair còmhla ris gus cartùn a dhèanamh air an telebhisean. 'S e Seumas L. Brooks a bha air an duine sin agus tha e fhèin agus Groening air a bhith ag obair còmhla air *Na Simpsons* bhon uair sin.

MATT GROENING



MATT GROENING



MATT GROENING

Na Simpsons

Thog Matt Groening ainmean nan Simpsons bhon teaghach aige fhèin. 'S e Homer a tha air athair, 's e Maighread (Marge) a tha air a mhàthair agus 's e Lisa agus Maighread (Maggie) a tha air a pheathraichean. Cha robh e ag iarraidh Matt a thoirt air a' bhalach anns na Simpsons agus mar sin thug e Bart air bhon a bha e coltach ris an fhacal brat. Ach, ged a thog Groening na h-ainmean bhon teaghach aige fhèin, tha Groening fhèin air a ràdh nach eil an dà theaghach coltach ri chèile idir.

MATT GROENING

Thathar air còrr air 400 prògram
a dhèanamh agus tha
leabhraichean, comaigean,
geamaichean coimpiutair agus
aodach nan Simpsons ann a-nis.
Tha an teaghlaich a chruthaich
Matt Groening bho chionn còrr
air fichead bliadhna fhathast
a' toirt toileachas agus gàire
do dh'iomadach duine air feadh
an t-saoghail.


MATT GROENING



MATT GROENING



14




Comedian
MATT GROENING

Dileab

S e rud annasach a tha ann gu bheil na *Simpsons* air maireachdainn fad 20 bliadhna agus gu bheil clann agus inbhich measail orra. Ged nach eil cartùnaichean eile a tha e air a dhèanamh air a bhith cho soirbheachail ris na *Simpsons* bidh cuimhne aig daoine air Matt Groening airson an teaghlaich ainmeil a chruthaich e.

15



MATT GROENING

Cò e?

Latha Breith

15/02/1954



Cò às a bha e?

Portland, Oregon, Na Stàitean
Aonaichte

Dè an obair a bha aig athair?

Sgriobhadair, dealbhadair agus
bhiodh e a' dèanamh fhilmichean

Dè an obair a bha aige?

Dealbhadair air cartùnaichean,
sgriobhaiche

Dè na cartùnaichean as ainmeile a rinn e?

Na Simpsons
Futurama

Dè eile a rinn e?

Chleachd e a ghuth air filmichean
agus cartùnaichean eile